

PLANA GÀIDHLIG

2017-22



Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean

CLÀR-INNSE

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh gabhail ris le Bòrd na Gàidhlig air 8 Màrt 2017. 'S e plana còig bliadhna a tha seo airson ùine bho 8 Màrt 2017 gu 8 Màrt 2022.

P03 Facal-toisich

P04 Ro-ràdh

P06 Achd 2005 agus cur a-mach fios

P08 Gàidhlig ann an raon-obrach HIE

P12 Ar gealltanasan – thar-sealladh

P13 Gealltanasan Obrach 2017-2022

P15 Gealltanasan Buidhne 2017-2022

P18 Comas air a' Phlana a libhrigeadh

P19 A' cur fios mun Phlana

P20 Leas-phàipear 1

Tar-iomradh eadar gealltanasan HIE agus raointean-leasachaidh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig

P22 Leas-phàipear 2

Gàidhlig ann an Sgìre HIE — co-theagasg

P27 Leas-phàipear 3

Sgilean Gàidhlig aig HIE

An Lòchran, the enterprise and research centre based at Inverness Campus
An Lòchran, Ionad iomairt agus rannsachaidh air Làrach Inbhir Nis





PLANA GÀIDHLIG

FACAL-TOISICH

Tha an rannsachadh Ar Stòras Gàidhlig - a rinneadh le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), agus air a libhrigeadh tro chom-pàirteachas nàiseanta ann an 2014 – air fianais fhoillseachadh, airson na ciad uaireach, air luach mòr eaconamach is sòisealta na Gàidhlig. Rinn seo tomhas air na cothroman àraidh na lùib 'son na h-Alba. Tha sinn air aire muinntir na h-Alba a tharraing chun na Gàidhlig gus bruidhinn ma deidhinn mar stòras 'value adding' a tha a' cur ri, seach a' cur an-aghaidh, oidhirpean chum a' Ghàidhlig a neartachadh agus an àireamh luchd-labhairt a chur am meud. Le luach na Gàidhlig ga aithneachadh, tha barrachd dhaoine gan tarraing chun a' chàinain; gu h-àraidh daoine òga is daoine aig aois-obrach.

Mar bhuidheann a tha an sàs san dà chuid leasachadh eaconamach is coimhearsnachd, tha HIE gu mòr airson is gun lean an obair chom-pàirteachail a bheir na comasan mòra an lùib na Gàidhlig gu buil. Bheir sinn stiùireadh, àrach agus leasachadh don Chom-pàirteachas Nàiseanta air Gàidhlig mar Stòras gus a' chinn-uidhe seo. Bheir sinn seachad taic innleachdach gus cuideachadh a thoirt dha leasachadh sheirbheisean is bathar a tha a' cleachdadh na Gàidhlig, gus luach a bharrachd a chur thuca an seagh eaconamach is sòisealta. Tha sinn airson 'cearcall subhailceach' a chruthachadh, le neartan bhuidhnean eile a' cur ris na neartan aig cridhe obrach HIE; a' toirt fìor luach na Gàidhlig mar stòras a thoirt gu buil, le seo a' tàladh is a' brosnachadh dhaoine aig a bheil a' Ghàidhlig cho math ri luchd-labhairt ùr agus a' cur ri beothalachd a' chàinain.

Ged a tha am fòcas seo a' toirt buaidh air mòran dhe na gealltanasan sa Phlana, tha sinn cuideachd a' cur luach air a' Ghàidhlig le cleachdadh a' chàinain ga bhrosnachadh taobh a-staigh HIE. Le leasachadh agus neartachadh gan dèanamh air ar seirbheisean, fiosrachadh, goireasan agus cothroman tro mheadhan na Gàidhlig, tha sinn airson daoine aig a bheil Gàidhlig a fhrithéaladh sa chàinain aca fhèin cho math 's as urrainn dhuinn. Tha sinn cuideachd airson fìor luach a' chàinain shònraichte seo san là an-diugh a dhèanamh follaiseach dha daoine aig nach eil a' Ghàidhlig, chan ann a-mhàin dhan Ghàidhealtachd is nan Eilean ach 'son nan h-Alba air fad.

Tha obair mhòr, ùr-ghnàthaichte na Gàidhlig aig HIE a' dol air ais leth-cheud bliadhna. Thairis air an ath chòig bliadhna den Phlana seo, bidh sinn ag obair a rèir neartan na buidhne, ag atharrachadh fòcas ar n-obrach le amas gun tèid HIE aithneachadh mar bhuidheann a tha a' toirt fìor luach na Gàidhlig gu buil mar so-mhàoin. Thathas air gealltanasan a' Phlana a chruthachadh leis a' fòcas is an rùn seo air ar n-aire, agus tha sinn an dòchas gun tig ar buidhnean com-pàirteachais maille rinn a choileanadh nan aon amasan.

Charlotte Wright

CHARLOTTE WRIGHT
Ceannard san eadar-ama



PLANA GÀIDHLIG

RO-RÀDH

[1] Mar eisimpleir, feuch Douglas Chalmers and Mike Danson, 'Language and economic development—complementary or antagonistic?' 2006; HIE, The Economic and Social Impacts of the Fèisean, 2010

[2] Aithisg Ar Stòras Gàidhlig agus foillseachaidhean a bhuineas dhith rim faicimm www.hie.co.uk/gaelic

Tha HIE na Buidheann Phoblach Neo-roinneil air a mhaoineachadh le, agus an urra ri, Pàrlamaid agus Riaghaltas na h-Alba. Chaidh a cruthachadh le Achd Pàrlamaid an 1990 le dleastanas 'son 'deasachadh, toirt còmhla, brosnachadh, cuideachadh is cur an gnìomh cheumannan chum leasachadh sòisealta is eaconamach a thoirt air a' Ghàidhealtachd is na h-Eilean'. Tha sinn ag obair mar bhuidheann leasachaidh sgìreil ioma-ghnìomhach a tha a' frithealadh muinntir na Gàidhealtachd is nan Eilean le dleastanas airson leasachadh coimhearsnachd is eaconamach a thoirt air adhart còmhla. Tha ar seirbheisean gan toirt seachad do bhuidhnean san roinn phrìobhaidich, phoblach is choimhearsnachd, san treas roinn is iomairtean sòisealta, agus bidh am Plana seo le buaidh orra gu lèir, cha math ri air luchd-obrach HIE.

Tro bhith ag obair leis na diofar bhuidhnean seo gus brosnachadh is taic a chur ris a' Ghàidhlig is gus làn chomas a' chànain a thoirt gu buil, agus a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean, fiosrachadh, ghoireasan agus chothroman taobh a-staigh HIE, bidh sinn ag obair gu gnìomhach is gu fosgailte gus an cànan a dhèanamh follaiseach do na buidhnean le bheil sinn ag obrachadh, a' toirt

dhaibh brosnachadh eaconamach, sòisealta, cultarail is cananach 'son a' Ghàidhlig a chleachdadh.

Tha HIE ag aithneachadh an dleastanas reachdail airson Plana Gàidhlig a bhith againn. Tha sinn cuideachd dhen bheachd gu bheil gach ùrachadh dhen Phlana a' toirt dhuinn cothrom air aire dhaoine a tarraing chun a' chànain as ùr, agus air a' Phlana Ghàidhlig a leasachadh a rèir mar a tha a' bhuidheann fhèin ag atharrachadh.

Le barrachd fèin-mhisneachd is fèin-mheas am measg dhaoine fa leth, choimhearsnachdan is òigridh, tha seo a' cur ri beothalachd is àraidheachd cultarail is cruthachail na sgìre; a' brosnachadh dhaoine agus na sgilean aca a' leasachadh, coileanadh acadaimigeach agus innleachdas; agus brosnachadh ceartas is ionannachd dha diofar dhaoine is chultaran. Leis a' Ghàidhlig aig cridhe fèin-aithne na Gàidhealtachd agus le fòcas HIE air làn luach na Gàidhlig a thoirt gu buil, cuiridh a' Ghàidhlig gu mòr ri leasachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean mar sgìre le daoine a tha misneachail, àrd-amasach, comasach agus beòthail.



Abhainn Dearg Distillery, Isle of Lewis
Taigh-staile Abhainn Dearg, Eilean Leòdhais

Tha sgìre a' Ghàidhealtachd is nan Eilean le àrd-sgilean am measg luchd-obrach agus àrainneachd gun samhail 'son tàladh dhaoine sgileil, innleachdadh; a' toirt buannachd mhòr ar sgìre an co-theagasg an t-saoghail obrach air fad. Le bhith a' cur ris a' mheasgachadh luachmhor chànanan, tha sinn ag amas air a dèanamh na h-àite a tha a' tàladh dhaoine thuice 'son fuireach, obair, ionnsachadh agus airgead a chur an seilbh ann.

A bharrachd air mar a tha i a' cur ri coimhearsnachdan misneachail, eadar-mheasgte; tha a' Ghàidhlig a' cur ri eaconamaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha rannsachadh a rinneadh roimhe air mar a tha a' Ghàidhlig a' cur ri eaconamaidh na sgìre¹ gur mòr air a neartachadh leis an rannsachadh mhòr Ar Stòras Gàidhlig², air a dhèanamh fo sgèith HIE mar ghealltanais san t-seann Phlana Ghàidhlig. Tha an rannsachadh a' tarraing aire gu luach eaconamach na Gàidhlig (£5.6m) agus an comas eaconamach na lùib (eadar £82m is £148m), airson na h-Alba gu lèir leis an luach seo stèidhte gu ìre mhòr ann an roinnean nan gnìomhachasan cruthachail, bìdh is dibhe, turasachd agus foghlaim.

ACHD 2005 AGUS CUR A-MACH FIOS

Rinneadh am Plana Gàidhlig seo mar sgrìobhainn reachdail 'son cur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig a rèir an Fhios Fhoirmeil air an Riatanas 'son Plana Gàidhlig agus a rèir nan dleastanasan an Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Leanadh an dreachd ùr seo dhen Phlana thar nan còig bliadhna bho 2017 gu 2022 agus tha e a' togail air an adhartas a rinneadh sa Phlana fa dheireadh (2012-15, le aonta bhon Bhòrd seo a shìneadh gu 2017).

Tha spèis agus co-ionannachd aig cridhe Achd na Gàidhlig. Tha sgrìobhte san Achd gu bheil a' Ghàidhlig, 'na chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis a tha co-ionnan ris a' Bheurla. Tha cur an gnìomh a' phrionnsabail seo, maille ri gnàthachadh fios agus tuigse mun Ghàidhlig air feadh muinntir na h-Alba, gu bhith fìor chudromach gusan cànan a chur ann an staid a tha dha-rìribh seasmhach thar air fhad-ùine. Tro bhith a' cur a' Phlana seo an gnìomh, nìthear cinnteach gun tèid obair na buidhne a libhrigeadh a rèir spiorad na h-Achd.

Cuiridh sinn Plana Gàidhlig àrd-amasach, pragmatach an gnìomh 'son HIE a tha stèidhte air na prionnsabalan a leanas:

- **SPÈIS:** a' cur an gnìomh a' phrionnsabail de spèis cho-ionannach dha Gàidhlig is Beurla agus dha luchd-labhairt nan cànan.
- **GNÀTHACHADH:** a' dèanamh tuigse is mothachadh dha fèin-aithne Ghàidhlicheach na sgìre na rud àbhaisteach, leis a' Ghàidhlig ri faicinn is ri cluinntinn ann an obair làitheil HIE.
- **COTHROMAN:** a' lorg cothroman ùra airson na Gàidhlig mar stòras a tha a' cur ri luach eaconamach agus sòisealta; a' gabhail brath air na cothroman an lùib leasachadh eaconamach agus sòisealta, le toradh gun tèid daoine ùra, gu h-àraidh daoine òga agus aig aois-obrach, a tharraing chun a' chànan.

A bharrachd air an Stiùireadh bho Bhòrd na Gàidhlig air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig agus stiùireadh sam bith bho Mhinistearan Albannach, tha Earrann 3(5) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ag innse gu feum buidheann phoblach aire a thoirt dha na slatan-tomhais reachdail a leanas is iad ag ullachadh Plana Gàidhlig:

(i) Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 a' toirt inneas air sreath ghnìomhan a dh' fheumas thoirt gu buil gus a' Ghàidhlig a chur ann an suidheachadh seasmhach thar an ama ri teachd. Tha am Plana Nàiseanta a' dèanamh follaiseach gu bheil uallach air gach ùghdarras poblach ann an Alba obair a dèanamh ann a bhith ga chur an gnìomh.

(ii) An ìre aig a bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh le daoine taobh a-staigh raon-obrach an ùghdarras phoblach agus na cothroman aig an ùghdarras phoblach air cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh

Tha seo ga sgrùdadh san ath earrainn, 'Gàidhlig ann an raon-obrach HIE'.

(iii) Agartasan gan cur chun an ùghdarras phoblach

An cois an tritheamh dreachd seo de Phlana Gàidhlig HIE a tha ga chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig, tha gearr-chunntas dhe na h-agartasan a chuireadh a-steach tron cho-chomhairle phoblach bhon Fhaoilleach gu Màrt 2016. Chùm HIE co-chomhairle for-ghnìomhach a' sireadh bheachdan bho thaobh a-staigh agus bho thaobh a-muigh na buidhne le mothachadh dha na beachdan gu lèir air cleachdadh na Gàidhlig, le beachdan cuideachd gan sireadh bho dhaoine is bhuidhnean a bha dùil againn a bhiodh ùidh ann an ullachadh Plana Gàidhlig HIE, mar a thathas ag iarraidh ann an Earrann 3(6) den Achd 2005.

Ionad Chaluim Chille Ìle

Ionad Gàidhlig
Gaelic Centre

Fòn: 01496 810 818 www.islay-gaelic.net

Cùrsaichean Gàidhlig
Gaelic Courses

Seòmar co-labhairt
Conference Room

Cafaidh Blasta

Wi-Fi



GÀIDHLIG ANN AN RAON-OBACH HIE

MU HIE

Tha HIE ag obair mar aon bhuidheann, leis an obair ga sgaoileadh agus ga libhrigeadh air feadh nan ochd roinnean ionadail san sgìre gu lèir. Tha na goireasan taice aig cridhe obrach HIE gu ìre mhòr stèidhte an Inbhir Nis is an Beinn a' Bhadhla, le pàrtean dhiubh (a' gabhail a-steach cuid dhe na h-àrd-oifigearan) stèidhte aig oifisean eile timcheall na sgìre.

Tha oifisean sgìreil HIE rin lorg ann an: Steòrnabhagh, Lionacleit, Goillspidh, Inbhir Theòrsa, Farrais, Kirkwall, Lerwick, Ceann Loch Gilb, An Gearasdan is Port Rìgh. Tha an oifis an Uachdar Thìre le sgioba bheag luchd-obrach innte; ag obair gu ìre mhòr a thaobh Nèartachadh Choimhearsnachdan. Tha sinn cuideachd le cuid de dh'oifigearan stèidhte shìos air a' Ghalldachd.

Mar a shaoileadh tha Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba, 2015 (SES) a' toirt buaidh mhòr air obair HIE. Is e prìomh amas SES fòcas riaghaltais is seirbheisean phoblach a chur air:

"dùthaich nas soirbheachail a chruthachadh, le cothroman dha Alba gu lèir a dhol am feabhas, le leasachadh ga dhèanamh air fàs seasmhach eaconamach".

Tha an diagram a leanas a' sgaoileadh fios mu dheidhinn, is a' toirt cunntas air na prìomhachasan SES:

Tha gach eileamaid de mhaoineachadh is obair HIE gan cur an sàs a rèir na Ro-innleachd seo, le cunntas ga thoirt air seo aig an ìre as àirde tron Phlana Gnìomh, A' Togail an Ama ri Teachd (2016-19), le mineachadh ga thoirt air rùn, lèirsinn, prìomhachasan agus àrd-amasan 2020 na buidhne san sgrìobhadh italic gu h-ìosal:

Àr n-Amas

Tha lomairent na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) na buidheann àrd-amasach air a bheil dleastanas àraidh a tha a' toirt leasachadh eaconamach is coimhearsnachd air adhart còmhla. Tha sinn ag obair air feadh sgìre eadar-mheasgte a tha a' dol bho Shealtainn gu Earra-Ghàidheal is bho na h-Eileanan an Iar gu Moireabh, le còrr is darna leth de dh'Alba taobh a-staigh a crìochan.

Tha HIE ag obair às leth Riaghaltas na h-Alba mar bhuidheann leasachaidh eaconamach is coimhearsnachd 'son ceann a tuath is siar na h-Alba. Is e amas na buidhne ach fàs seasmhach eaconamach a bhrosnachadh air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Ar Lèirsinn

Tha sinn ag obair gusa' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a dhèanamh na sgìre shoirbheachail, fharpaiseach a tha a' tàladh barrachd dhaoine a thighinn a dh'fhuireach, a dh'obair, a dh'ionnsachadh agus airgead a chur an seilbh ann.

Ar Prìomhachasan

Tha Plana Obrach HIE 2016-2019 (ga ùrachadh gach bliadhna) a' toirt inneas air na ceithir prìomhachasan againn is iad seo mar bhunaitean 'son ar n-obrach thar an ath trì bliadhna, a rèir Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba. Is iad amasan HIE:

- Taic ga cur ri gnìomhachasan is ri iomairtean sòisealta airson deasachadh agus coileanadh amasan a thaobh fàs
- Nèartachadh choimhearsnachdan agus sgìrean dùbhlach
- Leasachadh roinnean fàis, gu h-àraidh far a bheil cothroman sònraichte airson na sgìre.
- Cruthachadh an t-suidheachadh airson sgìre a tha farpaiseach agus càrbon-ìosal

Ar n-amasan airson 2020

Tha sinn ag obair gus sreath àrd-amasan thar an fhad-ùine agus, ro dheireadh 2020, tha sinn airson is gum bi an sgìre seo na sgìre a tha:

- na ionad eadar-nàiseanta don ghnìomhachas cumhachd ath-nuadhachail mara
- na sgìre dhidseatach
- na dachaigh do bharrachd ghnòthachasan fàis an sàs ann am margaidhean eadar-nàiseanta
- aithnichte airson cùram-slàinte didseatach is airson eòlas air saidheans-mara
- na sgìre de choimhearsnachdan seasmhach, beòthail
- na sgìre de cheanglaichean air feadh na cruinne
- tarraingeach do dhaoine òga

Airson coileanadh nan àrd-amasan seo, tha HIE ag obair le gnìomhachasan, iomairtean sòisealta, agus buidhnean coimhearsnachd gu ìre mhòr tro dhòigh-obrach a tha a' 'mànaidseach chunntasan' le fòcas air fàs san eaconamaidh agus sa choimhearsnachd. Tha sinn a' cur ris an obair seo tro bhith a' toirt leasachadh is fàs air prìomh roinnean na h-eaconamaidh air an aithneachadh ann an Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba. Tha sinn cuideachd a' libhrigeadh phròiseactan mòra, bun-structarail air ar ceann fhèin is an com-pàirteachas le buidhnean eile.

Le bhith a' toirt nan amasan seo an lùib a' Phlana seo, tha a' Ghàidhlig ga toirt a-steach a phoileasaidh chorporra HIE gu follaiseach, fosgailte. Tha sinn, tron obair seo, a' cruthachadh frèam-obrach làidir airson coileanadh ar n-àrd-amasan; air an cur ri chèile tro cho-chomhairle air feadh na buidhne.



Crofting Connections Annual Conference, Comunn Eachdraidh Nis, Isle of Lewis
Co-labhairt bliadhnaile na Ceanglaichean Croitearachd, Comunn Eachdraidh Nis, Leòdhas





“dùthaich nas soirbheachail a chruthachadh, le cothroman dha Alba gu lèir a dhol am feabhas, le leasachadh ga dhèanamh air fàs seasmhach eaconamach”

Chaidh am mapa seo a chur ri chèile le dàta bhon Chunntas-shluaigh 2011 oir tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cuideachail sealltainn far a bheil margaidh ann airson ghnothaichean is sheirbheisean dha daoine le Gàidhlig. Chì sinn gur ann an raon-obrach HIE a tha na sgìrean leis an ìre as àirde de dhaoine le Gàidhlig, ach gu bheil àireamh mhòr de dhaoine le Gàidhlig cuideachd sa chòrr den dùthaich; gu h-àraidh ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Dùn Dè, ged nach eil seo follaiseach bhon mhapa seo le dàta aig ìre pharraistean sìobhalta.

SGÌREACHDAN CATHARRA (CP)

% den daoine a tha a' fuoreach ann an sgìreachdan catharra aig a bheil an comas bruidhinn Gàidhlig



© Crown Copyright and database right 2015
All rights reserved National Records of Scotland
Ordnance Survey Licence number: 100020542

Bha Gàidhlig uaireigin ga bruidhinn mar phrìomh chànan nan daoine air feadh sgìre HIE (seach Arcaibh is Sealtainn) agus tha an cultar Gàidhealach fhathast aig crìche fèin-aithne na sgìre. A-mach às a' chiad, tha barrachd dhaoine le Gàidhlig ann an sgìre HIE na tha sa chòrr de dh'Alba.

Tha an cunntas-sluaigh ann an 2011 a' sealltainn gun robh sgilean Gàidhlig aig 8% (10% an 2001) de sluagh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha seo mar thoradh air àrdachadh 7.5% san àireamh dhaoine an sgìre HIE eadar 2001 is 2011, le glè bheag dhiubh le sgilean Gàidhlig aca. Tha fìor àireamh de dhaoine le sgilean Gàidhlig na sgeulachd dhòchasach, le bunaitean làidir is fàs. Bha mu 16,489 (16,049 an 2001) daoine le sgilean Gàidhlig sna h-Eileanan Siar, 16,596 (13,585 an 2001) an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus 5,050 (4,618 an 2001) an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Tha cuideachd mòran daoine le Gàidhlig sa chòrr de dh'Alba, gu h-àraidh sna bailtean mòra. A bharrachd air na coimhearsnachdan agus margaidhean Gàidhlig sa chòrr de dh'Alba, tha sinn mothachadh gu bheil cuideachd margaidh mhòr eadar-nàiseanta ann airson ghnothaichean is sheirbheisean Gàidhlig, gu h-àraidh am measg an diaspora Albannaich. Feumas cuideachd aithneachadh nach iad na Gàidheil a-mhàin a tha dualtach a bhith a' ceannach ghnothaichean is sheirbheisean Gàidhlig.

Tha HIE ag aithneachadh an dualchais làidir Ghàidhealaich a th' anns a' chuid as motha den sgìre is na cothroman mòra na lùib, ach cuideachd gum bu chòir am Plana a bhith subailte a rèir nan diofar cheàrnaidhean. Tha an *Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig* a' moladh gun tèid 'Planaichean Gàidhlig a chruthachadh a tha reusanta agus freagarrach a rèir nan suidheachaidhean àraid aig gach ùghdarras poblach fa leth.'

Tha sgìrean leithid na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach leis an ìre as àirde de dhaoine le Gàidhlig agus 's ann anns na h-eileanan seo a tha na cothroman as fheàrr air libhrigeadh sheirbheisean HIE tron Ghàidhlig. Tha Cataibh, Dùthaich Mhic Aoidh, Asainte is Loch Abar le ceàrnaidhean sa bheil àireamh meadhanach àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha Earra-Ghàidheal is eileanan Earra-Ghàidheal an t-aon rud. The sgìre Linne Mhoireibh cuideachd le grunn math dhaoine aig a bheil Gàidhlig sna bailtean far a bheil torr sgoilearan a' dol tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha fiosrachadh nas mionaidiche air Gàidhlig ann an sgìre HIE agus air sgilean Gàidhlig am measg luchd-obrach HIE ri fhaighinn ann an **Leas-phàipear 2 agus 3**.

Chan eil am Plana seo idir a' toirt air falbh bho cho cudromach agus seasmhach 's a tha na h-eileamaidean eile de dhualchas culturail agus cananach na h-Alba. Tha a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan bho riamh air a bhith le dualchas beartach, caochlaideach a thaobh chànanan, dhual-chainntean agus muinntir na sgìre; dual-chainntean de Bheurla Gàllda ann an Arcaibh, Sealtainn, Moireabh is Gallaibh, maille ris na dual-chainntean Gàidhlig a chluinneas air Iar-thuath na Gàidhealtachd, Loch Abar, Earra-Ghàidheal, eileanan Earra-Ghàidheal agus na diofar dhual-chainntean Gàidhlig sna h-Eileanan an Iar, a' ciallachadh gu bheil an sgìre againn fhathast le beartas dhual-chainntean is chànanan. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan na sgìre ioma-chànanach, a bharrachd air na cànanan traidiseanta. Le barrachd aire ga tarraing chun na Gàidhlig, thathas an dòchas gun toir seo fòcas agus brosnachadh airson barrachd spèis dha cànanan agus dual-chainntean eile sa sgìre 's sinn a' gnàthachadh, a' togail inbhe agus a' leasachadh an stòrais àraidh a th' anns a' Ghàidhlig. Airson an amais seo, tha sinn cuideachd air brosnachadh a thoirt dha Maoin Innleachdais na Gàidhlig mar rud a cheart cho cothromach a thaobh coileanadh luach eaconamach is sòisealta chànanan is dhual-chainntean eile na sgìre



PLANA GÀIDHLIG

AR GEALLTANASAN THAR-SEALLADH

Ma tha sinn gu bhith soirbheachail air na h-amasan againn airson na Gàidhlig san sgìre is taobh a-staigh na buidhne, feumaidh sinn gealltanasan làidir a bhith againn. Tha an fheadhainn 'son na sgìre fhèin stèidhte air buaidh na Gàidhlig a toirt gu buil mar stòras eaconamach is coimhearsnachd, a' gabhail nan cothroman an lùib obrach HIE mar bhuidheann leasachaidh eaconamach is sòisealta. Feumaidh sinn, mar an ceudna, taic a chur ri luach na Gàidhlig san àite-obrach agus anns ar conaltradhean. Tha na gealltanasan a leanas, air an seatadh a-mach gu h-ìosal, ag innse mar a tha iad uile a' cur ri prìomhachasan HIE agus mar a nì sinn coileanadh air ar n-àrd-amasan a thaobh a' chàinain.

Thèid taic a chur ris na gealltanasan seo tro Plana Libhrigidh Bliadhnail a bheir cunntas mionaideach air na gnìomhan, raon-ama, goireasan agus uallach mu choinneamh gach gealltanas. Thèid aire dhaoine a tharraing chun nan gealltanasan seo taobh a-muigh agus taobh a-staigh na buidhne.

Chaidh Sgrùdadh air Sgìlean Gàidhlig is Beachdan Oirre a chumail san t-Samhainn/ Dùbhlachd 2015. Thèid mion-sgrùdadh a chleachdadh air toraidhean an rannsachaidh seo leis an fhiosrachadh ga ghabhail a-steach dha na gnìomhan àraidh sa chiad Phlana Libhrigidh Bliadhnail.

Tha sinn mothachadh dha na th' ann de dh'iartras (nach eil follaiseach) airson seirbheisean Gàidhlig san sgìre againn agus na cothroman air leasachadh nan seirbheisean a tha rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig. Airson diofar adhbharan, chan eil HIE air an uiread de dh'adhartas

a dhèanamh 's a bha dùil againn a thaobh tabhachd sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig. Tha obair mhòr an lùib na slighe a dh'fheumas daoine a ghabhail bho thoiseach-tòiseachaidh gu misneachd sa chànan; slighe a tha a' toirt bhliadhnachan mòra. Mar seo, chan eil HIE, gu ìre mhòr, air fàs a thoirt air comasan Gàidhlig na buidhne tron dòigh seo. Bidh ùine agus goireasan an lùib coileanadh ar amasan, leis a' Phlana seo – cho math ris na Planaichean Libhrigidh Bliadhnail – na cheum air adhart chum nan amasan seo. Airson a bhith cinnteach gum bi sgìlean Gàidhlig aig luchd-obrach aig ìre a fhreagras air libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig, gu h-àraidh san sgioba chonaltraidhean agus am measg luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball ann an sgìrean le àrd-ìre de sgìlean Gàidhlig, nì sinn measadh air gach dreuchd ùr feuch am bu chòir dha na dreuchd leis a' Ghàidhlig mar sgil riatanach, gus am bi e comasach dhuinn na gealltanasan sa Phlana a libhrigeadh.

Tha mòran dhe na gealltanasan an-seo le co-obrachadh nan lùib; le seo airson is gun tèid eòlas a roinn air feadh na sgìre le buidhnean com-pàirteachais agus le daoine/ buidhnean leis a bheil sinn a' dèiligeadh gus lan-bhuaidh a thoirt às a' Phlana seo agus às ar n-obair a thaobh na Gàidhlig. Le aire na buidhne air sàbhaladh airgid is air èifeachdas bhuidhnean san roinn phoblach, bidh sinn a' lorg cothroman air obair còmhla is air roinn sheirbheisean rè beatha a' Phlana seo.

Thèid aire a tharraing chun a' Phlana fad is farsaing, agus bidh e ri fhaicinn air ar làraich-lìn. Thèid adhartas chum libhrigeadh a' Phlana fhoillseachadh gu cunbhalach rè beatha a' Phlana.



On location with Young Films during filming of a new Gaelic Drama near Tarskavaig Point on the Island of Skye
Còmhla ri Young films, nuair a bha iad a' dèanamh filmeadh airson dràma Gàidhlig ùr faisg air Rubha Tharsgabhaig

Tha na gealltanasan gu h-ìosal le bliadhna mun coinneamh, leis a' chomharra ag innse dè a' bhliadhna a thèid an cur an gnìomh. Thathas an dùil gun lean na gealltanasan gu lèir mura h-eil an caochladh air a dhèanamh follaiseach.

Tha **Leas-phàipear 1** a' toirt inneas air an doigh sa bheil na gealltanasan sa Phlana a' cur ri libhrigeadh roinnean leasachaidh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

SGÌREAN GUN MÒRAN GÀIDHLIG

Chaidh am Plana ullachadh mar frèama-obrach tron tèid barrachd Gàidhlig a chleachdadh, le seirbheisean agus goireasan gan tabhachd gu gnìomhach; le comasan na buidhne a leasachadh gus am bi e comasach dhuinn daoine/buidhnean a fhrithealadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn mothachadh gu bheil sgìrean leithid Moireabh agus Gallaibh gun mòran sgilean am measg muinntir nan sgìrean seo. Tha iad, ge-tà, le dualchas làidir Gàidhlig agus le fàs a' tighinn air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha iad air an gabhail a-steach dhan Phlana seo, mar a thachair sna Planaichean Gàidhlig roimhe.

A bharrachd air na gealltanasan a thaobh logo dà-chànanach agus freagairtean dha conaltradhean sgrìobhte sa Ghàidhlig, chan eil na na gealltanasan sa Phlana a' buntainn do luchd-obrach sna h-oifisean ann an Sealtainn is Arcaibh.

Ar Gealltanasan Obrach 2017-2022

Am measg ar gealltanasan-obrach gnàthaichte is leantainneach tha ('N' a' ciallachadh gnàthaichte):

N1: Taic ri leasachadh iomairtean sòisealta agus ghnìomhachasan aig a bheil modail-gnìomhachais seasmhach a thaobh tabhachd sheirbheisean a tha a' toirt fàs air a' Ghàidhlig mar stòras sòisealta agus eaconamach, le buannachd na chois gun tèid daoine ùra, gu h-àraidh daoine òga agus aig aois-obrach, a tharraing chun a' chànan.

N2: Cleachdadh thoraidhean an rannsachaidh Ar Stòras Gàidhlig gus fiosrachadh a sgaoileadh fad is farsaing air ciamar as urrainn dha buidhnean a' Ghàidhlig a cur gu feum san obair aca airson cothroman agus buannachdan ùra.

N3: Dèanamh cinnteach gun tèid mothachadh iomchaidh a thoirt dha cothroman leasachaidh 'son na Gàidhlig am planaichean air an cur ri chèile le coimhearsnachdan fo mhanaisedh cunntasail.

N4: Dearbhadh gun tèid spèis cho-ionannach a thoirt dhan Ghàidhlig tro bhith ag obair chum is gun tèid spèis cho-ionannach a sealltainn ris a' chànan sa roinn phoblaich aig làraichean in-seilbh a tha cudromach aig ìre sgìreil.

N5: Cumaidh sinn oirnn a' cumail taic ri oidhirpean gus piseach a thoirt air buaidh na Gàidhlig air na h-ealain nàiseanta, ag aithneachadh an luach ann a bhith a' gnàthachadh na Gàidhlig san roinn ealain àbhaistich

Tha na clàran gu h-ìosal a' toirt inneas air na ceumannan a thèid an gabhail gus làn-bhuannachd a thoirt às a' Ghàidhlig a thaobh prìomhachasan obrach HIE, agus mar seo, suidheachadh a' chàinain neartachadh.

ÀIR.	2017	2018	2019	2020	2021	MOLAIIDHEAN/ SGIOBA LE UALLACH
1 Stiùiridh sinn obair le buidhnean nàiseanta eile tron Chom-pàirteachais air Gàidhlig mar Stòras, gus làn bhuannachd a thoirt às a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach agus sòisealta.	✓					Sgiobaidhean Leasachaidh nam Prìomh Roinnean
2 Nì sinn pròiseact pìolat agus measadh air Maoin Innleachdais na Gàidhlig, a' cur taic ri cruthachadh sheirbheisean is ghnòthaichean a tha a' cleachdadh na Gàidhlig mar stòras.	✓					Sgioba Fàs Choimhear-snachdan
3 Às dèidh measadh ga dhèanamh air a' phìolat, thèid Maoin Innleachdais na Gàidhlig leantainneach a cruthachadh an com-pàirteachas le buidhnean eile san roinn phoblaich.		✓				Sgioba Fàs Choimhear-snachdan
4 Cuiridh HIE ri Com-pàirteachas Nàiseanta a dheasachadh ro-innleachd a chuireas taic ri cleachdadh na Gàidhlig sa mhargaidh obrach an sgìre HIE an co-bhuinn ri buidhnean prìobhaideach is poblach.		✓				Sgioba Fàs Choimhear-snachdan
5 Cumaidh sinn taic is fiosrachadh ri buidhnean coimhearsnachd is iomairtean sòisealta a tha a' cleachdadh na Gàidhlig tro obair HIE a thaobh neartachadh choimhearsnachdan 's sgìrean dùbhlanaich.	✓					Ceannardan Neartachadh Choimhear-snachdan aig ìre Roinneil
6 Cruthaichidh sinn ro-innleachd leasachaidh a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig mar stòras an coimhearsnachdan, an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig.	✓	✓				Sgioba Fàs Choimhear-snachdan
7 Le sgrùdadh ga dhèanamh air toraidhean an rannsachaidh is le eiseimpleirean air deagh chleachdadh, bheir sinn brosnachadh do bhuidhnean gus smaoineachadh ciamar as urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a cur an gnìomh gu h-èifeachdach san obair aca gus bhuannachdan is chothroman ùra, gu h-àraidh a thaobh nan Gnìomhachasan Cruthachail, Biadh is Deoch agus Turasachd.	✓		✓			Sgioba Fàs Choimhearsnachdan maille ri Ceannardan-Sgioba Fàs Roinneil
8 Thèid gnìomhan a ghabhail an lùib phlanaichean leasachaidh roinnean bheir fìor luach na Gàidhlig gu buil, gu h-àraidh a thaobh nan Gnìomhachasan Cruthachail, Biadh is Deoch agus Turasachd.		✓	✓	✓	✓	Ceannardan-Sgioba Fàs Roinneil
9 Obraichidh sinn an co-bhuinn ri buidhnean, gu h-àraidh san roinn phrìobhaidich, ughdarrasan ionadail, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, gus aire a tarraing gu cothroman obrach a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' cruthachadh Ro-innleachd 'son Luchd-obrach Òg.		✓				Sgioba Fàs Choimhearsnachdan

Ar Gealltanasan Buidhne 2017-2022

Tha lìbhrigeadh sheirbheisean tron Ghàidhlig fìor chudromach ma tha spèis cho-ionnanach gu bhith aig a' chànan, is tha e na rud bunaiteach ma tha spèis cho-ionnanach gu bhith aig a' Ghàidhlig is aig Gàidheil. Am measg nan gealltanasan gnàthaichte is leantainneach tha:

N6: Tha HIE ga h-aithneachadh mar Highlands and Islands Enterprise / Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Chan eil ach aon lògo aig HIE agus tha e seo dà-chànanach.

N7: Tha a' Ghàidhlig a-nise na rud a tha follaiseach ann an lioftaichean, ionadan-fàilte, sgrìonaichean-fàilte, duilleagan air an eadra-lìon agus ann an ainmean-sgrìobhte eileactronaigeach.

N8: Spèis cho-ionnanach dha Beurla is Gàidhlig air soidhnichean is iad gan ùrachadh.

N9: Tha sinn a' tabhachd innealan eadar-theangachaidh aig choinneamhan nuair a thig cothroman an-àirde airson an cleachdadh, leis na h-innealan gan cleachdadh taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne.

N10: Tha sinn a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-obrach, le bhith:

- A' toirt ìre de chomas sa Ghàidhlig a-steach mar phàirt de thuaraisgealan luchd-obrach
- A' cur Loidhne dhà-chànanach a-steach a fhoillseachaidhean, chonaltraidhean agus phuist-d luchd-obrach ag innse gu bheil sinn a' cur fàilte air daoine a bhith a' sgrìobhadh thugainn san dà chuid Beurla no Gàidhlig
- Ag eadar-theangachadh liosta de bhrìathran cumanta gun tèid seo a roinn le buidhnean com-pàirteachais
- A' toirt brosnachadh do luchd-obrach le Gàidhlig an litir 'G' a cur aig bonn phost-d a tha iad a' cur
- A' cruthachadh ghoireasan cànan, feadhainn didseatach agus corporra, le cothrom aig luchd-obrach air seirbheisean leithid eadar-theangachadh agus dearbhadh.

N11: Tha gach fios-naidheachd a bhuineas don Ghàidhlig ga chur a-mach dà-chànanach, cho math ris an fheadhainn air am meas freagarrach le sgioba nan Conaltraidhean is Margaidheachd le àrd-inbhe, le dùil gun tèid barrachd a chur a-mach san dà chànan thar beatha a' Phlana seo

N12: A' dèanamh Gàidhlig na rud follaiseach, far a bheil seo iomchaidh, air stuth margaidheachd HIE, air stuth-pàipearachd, tachartasan, taisbeanaidhean agus choinneamhan poblach (a bharrachd air cleachdadh an logo dhà-chànanach).

N13: Tha fhoillseachaidhean corporra HIE gan cur a-mach dà-chànanach, leis an dà chànan a' nochdadh san aon fhoillseachadh, far a bheil cothroman na lùib airson cur ris an t-luchd a gheibh luchd-leughaidh Gàidhlig às no airson buaidh mhòr a thoirt air togail inbhe na Gàidhlig ann an obair HIE. Tha sinn mothachadh gu bheil barrachd is barrachd fhoillseachaidhean air an cur a-mach ann an cruth didseatach a-mhàin.

N14: Bidh bileag-ghearan HIE ri faighinn ann an Gàidhlig no san dà chànan.

N15: Far a bheil Gàidhlig agus Beurla a' nochdadh san aon fhoillseachadh, tha spèis cho-ionnanach aca.

N16: Ann am fhoillseachaidhean Gàidhlig 'son sgaoileadh taobh a-muigh HIE, tha sinn a' cleachdadh Ainmean-Àite na h-Alba 'son dearbhadh cruth ainmean-àite, agus gheibh sinn stiùireadh bho Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a thaobh litreachadh is stoidhle.

N17: Tha sinn a' tabhachd comhairle, sùbailteachd agus suas ri 100% de thaic-airgid dha luchd-obrach a tha airson leasachadh a dhèanamh air an cuid-Gàidhlig, far an tèid aonta a chur ri seo tro Phlanaichean Leasachaidh Pearsanta agus a rèir Poileasaidh HIE air Foghlam Leantainneach.

N18: Tha HIE cuideachd ag obair an co-bhuinn ri buidhnean eile sa roinn phoblach a thaobh nan tabhartasan seo gus àireamhan seasmhach luchd-ionnsachadh a bhith ann.

N19: Tha luchd-obrach agus buill buird-stiùiridh HIE uile a' faighinn pasgan le fiosrachadh air a' Ghàidhlig mar phàirt den t-seisean inntigridh aca, le cothrom ga thoirt dhaibh a dhol air seisean Gaelic awareness, le pàirt dhen t-seisean seo a' buntainn ri Plana Gàidhlig HIE agus na gnìomhan na lùib.

N20: Ghèidh luchd-obrach a tha deònach is comasach - air dèiligeadh ri daoine sa Ghàidhlig, cothrom air trèanadh maireannach airson leigeil leotha seo a dhèanamh. Bheir sinn brosnachadh sònraichte do dhaoine a tha a' dèiligeadh ri daoine/buidheann bhon taobh a-muigh, agus do luchd-obrach a tha ag obair a thaobh chonaltraidhean corporra no margaidheachd.

N21: Tha Buidheann a' Phlana Gàidhlig an urra ri coimhead às dèidh agus measadh mar a tha am Plana ga chur an gnìomh.

N22: Nuair a tha obair eadar-theangachadh Gàidhlig ga ceannach, thèid eadar-theangairean a chleachdadh aig a bheil cliù agus eòlas mòr.

N23: Leanaidh sinn oirnn a' lorg cothroman air targaidean a bhuineas don Phlana a ghabhail a-steach mar phàirt de dh'Aontaidhean Buil Singilte le ughdarrasan ionadail.

N24: Cumaidh sinn liost de luchd-obrach a tha deònach is comasach air dèiligeadh ri conaltraidhean Gàidhlig sa chiad dol a-mach. Thèid an liosta seo a sgaoileadh am measg an luchd-obrach gu lèir.

N25: Thèid brosnachadh a thoirt don luchd-obrach gu lèir cairtean-gnothachais dà-thaobhach agus ainm-sgrìobhte air puist-dealain le Gàidhlig, ach an tèid iomhaigh na Gàidhlig àrdachadh mar chànan a tha ri fhaicinn ann an obair luchd-obrach gu lèir. Thèid seo a dhèanamh nas fhasa le eadar-theangachadh ga dhèanamh air tiotalan obrach agus le dòighean-òrdachaidh a tha furasta.

N26: Thèid fios a' sgaoileadh aig amannan air coileanadh chlachan-mìle, thachartasan agus ghnòthaichean eile a bhuineas don Phlana seo. Thèid Gàidheil a tha a' cleachdadh na Gàidhlig le HIE fhaighneachd mu chleachdadh ghoireasan/sheirbheisean HIE, leis na beachdan aca a' toirt buaidh air an dòigh sa bheil iad air an toirt seachad.

N27: Nì sinn leasachadh air an dòigh sa bheil fiosrachadh ga sgaoileadh taobh a-staigh HIE air a' Phlana Gàidhlig, le làrach-lìn sònraichte air an eadra-lìn agus fios ga chur a-mach gach sia mìosan air adhartas a thaobh a' Phlana.

N28: Far a bheil e practaigeach is iomchaidh, thèid trèanadh a thoirt dha barrachd is barrachd luchd-obrach ach am bidh iad comasach air a' fòn a freagairt sa Ghàidhlig agus air dèiligeadh ri daoine a tha airson bruidhinn sa Ghàidhlig.

N29: Cuiridh sinn a' Ghàidhlig a-steach mar sgil miannaichte airson gach dreuchd a thèid a sanasachadh.

N30: Far a bheil e iomchaidh, nuair a tha HIE a' coimiseanadh obrach, bheir sinn brosnachadh do bhuidheann a tha gu bhith ag obair às leth HIE a bhith a' smaoinachadh air cleachdadh na Gàidhlig agus mar as urrainn dhaibh cur ri suidheachadh a' chànan tron chlàsa air buannachd don choimhearsnachd.

Tha na clàran a leanas a' toirt inneas air na gealltanasan ùra no ùraichte a thèid an coileanadh airson is gum bi e comasach dhuinn barrachd Gàidhlig a cleachdadh is a tabhachd.

AITHNE	2017	2018	2019	2020	2021	MOLAIIDHEAN /SGIOBA LE UALLACH
a Obraichidh sinn an co-bhuinn ri buidhnean eile san togalach – UHI is SAC – gus dreuchd le Gàidhlig riatanach a chruthachadh aig an ionad-fàilte san àrd-oifis san Lòchran, mar phàirt den phròiseas de luchd-obrach a bhith a' falbh is a' tighinn. Gheibh luchd-obrach air cùmhnannt cothrom air an aon trèanadh sa Ghàidhlig 's a tha luchd-obrach HIE a' faighinn.		✓	✓	✓	✓	Roinn Sgiobachd/ Stiùireadh Togalaich
b Togaidh sinn inbhe na Gàidhlig aig làraichean HIE agus air feadh sheirbheisean HIE, le spèis dhà-chànanach ga toirt dhan Gàidhlig is dha Beurla, tron phròiseas a bhith ag ùrachadh no a' cur an àite.	✓					Stiùireadh Togalaich
CONALTRAIDHEAN	2017	2018	2019	2020	2021	MOLAIIDHEAN /SGIOBA LE UALLACH
c Sgaoilidh sinn fiosrachadh gu bheil sinn a' cur fàilte air foirmean-tagraidh, ceistean, conaltraidhean, gearanan agus foirmean eile sa Ghàidhlig le dòighean-obrach gan steidheachadh airson a bhith cinnteach gum faigh iad freagairt a cheart cho luath ris a' Bheurla. Thèid cuid de na conaltraidhean pàipeir, eileactronaig agus fòna a chlàradh sa Ghàidhlig.	✓					Conaltraidhean Sgioba Fàs Chòimhear-snachdan
d Bidh siostaman IT HIE le dearbhair-litreachaidh nan lùib le comas stràcan a chur bhos cionn fhuaimreagan.	✓					Sgioba Fiosrachadh Corporra
e Bidh Gàidhlig na pàirt de choinneamhan sna h-Eileanan an Iar agus ann an coimhearsnachdan eile sa bheil tòrr dhaoine le Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	✓	Manaidsear Sgìre nan Eilean Siar
FOILLSEACHAIDHEAN	2017	2018	2019	2020	2021	MOLAIIDHEAN /SGIOBA LE UALLACH
f Nithear sgrùdadh air an fhianais airson a' Ghàidhlig a chleachdadh am foillseachaidhean corporra gus a' bhuaidh as motha a ghabhas a thoirt às agus rud a tha a' freagairt air na daoine a tha gan leughadh.	✓					Margaidheachd
g Thèid ceumannan a ghabhail a leasachadh ar làrach-lìn, le measadh ga dhèanamh air an adhartas gach bliadhna airson is gum faigh daoine le Gàidhlig barrachd às. Thèid a shanasachadh gu follaiseach far a bheil Gàidhlig ri faighinn.	✓	✓	✓	✓	✓	Margaidheachd
h Nì sinn oidhirp a bhith mothachail dha leasachaidhean a thaobh corpora na Gàidhlig.	✓	✓	✓	✓	✓	Buidheann a' Phlana Gàidhlig

LUCHD-OBACH		2017	2018	2019	2020	2021	MOLAIDHEAN /SGIOBA LE UALLACH
i	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig is beachdan oirre a measg luchd-obrach a h-uile trì bliadhna gus fios a bhith againn air a' chomas sa bhuidhinn air seirbheisean an toirt seachad sa Ghàidhlig, cho math ris an ùidh am measg luchd-obrach ann an ionnsachadh na Gàidhlig.			✓		✓	Buidheann a' Phlana Gàidhlig
j	Airson a bhith cinnteach gu bheil sgilean Gàidhlig gu leòr aig luchd-obrach HIE – airsoncoileanadh ghealltanasan a' Phlana, gu h-àraidh a thaobh chonaltraidhean is dèiligeadh ri daoine an sgìrean le àrd-ìre de Ghaidhlig – thèid sgrùdadh a dhèanamh air gach dreuchd ùr leis an sgioba HR/àrd-mhanaidsearan feuch am bu chòir Gàidhlig a bhith riatanach.	✓	✓	✓	✓	✓	Roinn Sgiobachd
EILE 2017		2018	2019	2020	2021		MOLAIDHEAN /SGIOBA LE UALLACH
k	Nuair a thèid poileasaidhean a dheasachadh, thèid measadh a dhèanamh air a' bhuaidh is cothroman nan lùib a thaobh na Gàidhlig. Thèid prìomhachas a thoirt dha cothroman mòra dhan Ghàidhlig agus dha poileasaidhean a bhuineas do thaobh a-muigh na buidhne sa chiad dol a-mach.	✓	✓				Leasachadh Gnìomhachais agus In-sgrùdadh



Taigh Chearsabhagh Museum and Arts Centre, Lochmaddy, North Uist
Taigh tasgaidh agus Ionad ealain Taigh Chearsabhagh ann an Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath.

PLANA GÀIDHLIG

COMAS AIR A' PHLANA A LÌBHRIGEADH

Bidh a' chiad Plana Liùbhairt Bliadhnail a' gabhail a-steach nan toraidhean bhon sgrùdadh air sgilean Gàidhlig. Tha am Plana Liùbhairt Bliadhnail a' coimhead ris a' chiad bhliadhna dhen Phlana, le Planaichean Liùbhairt Bliadhnail às dèidh seo air an aontachadh rè beatha a' Phlana.

Bheir Ceannard na Sgioba Fàs Choimhearsnachdan fiosrachadh seachad gach sia mìosan don Sgioba Stiùiridh air coileanadh a' Phlana Liùbhairt. Bidh na h-ùraichean agus na buannachdan uile air an sgaoileadh gu luchd-obrach gu lèir agus air taisbeanadh gu Bòrd HIE. Theid an fhiosrachadh seo ga chur gu Bòrd na Gàidhlig co-dhiù aon uair sa bhliadhna. Thèid an aithisg air an adhartas mu choinneamh a' Phlana a cur gu Bòrd na Gàidhlig co-dhiù aon uair sa bhliadhna, agus gheibh iad copaidh dhen Phlana Liùbhairt aig an àm sin cuideachd.

Thèid an t-adhartas airson coileanadh nan targaidean sa Phlana Liùbhairt Bliadhnail a mheasadh le Buidheann a' Phlana Ghàidhlig; buidheann le riochdachadh bho dhiofar sgìrean, riochdairean bho na sgiobaidhean laghail, sgrùdaidh is HR cho math ball air bòrd stiùiridh HIE. Coinnichidh a' bhuidheann seo gu cunbhalach.

Thèid na gealltanasan sa Phlana Ghàidhlig am maoineachadh le HIE fhèin agus ann an co-bhuinn ri buidhnean com-pàirteachais.

Thèid an sgrùdadh air sgilean Gàidhlig agus beachdan oirre a chumail gach trì bliadhna le toraidhean an rannsachaidh gan cur gu Bòrd na Gàidhlig.

Tha sinn a' cur luach mòr san dàimh eadar HIE agus Bòrd na Gàidhlig is air beachdan a' Bhùird air a' Phlana, leis na beachdan seo air an cur gu feum airson leasachadh thar an ama ri teachd.

Cumaidh sinn cuideachd sgrùdaidhean ùineach air beachdan daoine aig a bheil Gàidhlig air inbhean seirbheisean sa Ghàidhlig, le artaigilean air coileanadh amasan a' Phlana a' nochdadh air an làraich-lìn.



Làrach Inbhir Nis
Inverness Campus

PLANA GÀIDHLIG

A' CUR FIOS MUN PHLANA

'S e ar Ceannard HIE am prìomh oifigear aig a bheil uallach airson Plana Gàidhlig HIE. 'S i a th' anns an dreuchd aig an àm seo:

CHARLOTTE WRIGHT

Ceannard san eadar-ama

E charlotte.wright@hient.co.uk

T +44 (0)300 0135024

Is e am prìomh neach-obrach le uallach airson deasachadh, libhrigeadh agus measadh a' Phlana ach Ceannard na Sgioba Fàs Choimhearsnachdan. 'S e an duine a th' anns an dreuchd sin an-dràsta:

NEIL ROSS

Ceannard Fàs

Choimhearsnachdan

E neil.ross@hient.co.uk

T +44 (0)300 0135031

Am measg nan daoine eile le uallach 'son a' Phlana, tha:

DÙGHLAS COWAN

Stiùiriche Neartachadh

Choimhearsnachdan

E douglas.cowan@hient.co.uk

T +44 (0)1546 605402

JACQUELINE NICDHÒMHNAILL,

Àrd-Mhanaidsear Fàs

Choimhearsnachdan

E Jacqueline.mcdonell@hient.co.uk

T +44 (0)1397 708257

LEAS-PHÀIPEAR 1

Clàr 1: Tar-iomradh eadar gealltanasan HIE agus roinnean leasachaidh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig

Roinnean leasachaidh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig Plan 2012-17

Gealltanasan HIE

Dachaigh agus Tràth Bhliadhnachan	N1
Foghlam: Sgoiltean is Tidsèaran	9
Foghlam: Foghlam às dèidh sgoile	
Coimhearsnachdan	N3, 1, 2, 3, 5, 6
An t-Àite-Obrach	N4, N23, N27, 4, e, d, j
Ealain 's na Meadhanan	N5, 1
Dualchas is Turasachd	2, 3, 5, 6
Corpas	N15, N21, h
Seirbheisean Poblach	N6, N7, N8, N9, N10, N11, N12, N13, N14, N15, N16, N17, N18, N19, N20, N21, N22, N23, N24, N25, N26, N27, N28, N29, N30, a, b, c, d, e, f, g, h, i, j, k

Roinnean ùra leasachaidh a thathas an dùil a bhios san ath Phlana Nàiseanta na Gàidhlig

A' cleachdadh na Gàidhlig mar stòras	N1, N2, 1, 2, 3, 5, 7, 8
--------------------------------------	--------------------------



An Cafaidh
The Café

LEAS-Phàipear 2


IONNSACHADH NA Gàidhlig ANN AN SGÌRE HIE – ANN AN CO-THEAGASG AN CÒRR DE DH'ALBA

Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ with speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2017.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdanais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2017.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.


Cunntas-sluaigh 2011				HIE	Alba	
Le sgilean sam bith sa Ghàidhlig (aois 3+)	37,055	8.3%		de mhuinntir na sgìre		1.7%
le comas air Gàidhlig a bhruidhinn	28,582	6.4%		de mhuinntir na sgìre		1.1%
		77.1%		de dhaoine le sgil sa Ghàidhlig		66.2%
Luchd-labhairt le comas-leughaidh	19,795	69.3%		de dhaoine le comas-labhairt		67.1%
Luchd-labhairt a tha litearrach	16,282	57.0%		de dhaoine le comas-labhairt		56.3%
				HIE	Alba	
Gàidhlig ga bruidhinn san taigh	17,100	3.8%		de mhuinntir na sgìre		0.5%
		59.8%		de dhaoine le comas-labhairt		43.4%
Foghlam Gàidhlig				HIE	Alba	
Foghlam sa Ghàidhlig	sgoiltean:	sgoilearan:	tidsearan:	FTE:	aig:	àitean
àitean le seirbheisean 0–3	46	NA	NA		01/2016	65
sgoiltean-àraich Ghàidhlig	42	675	119	64.0	dùil 15/16	54
Bun-sgoiltean le foghlam Gàidhlig	46	1,706	126	108.1	2015-16	57
Àrd-sgoiltean le foghlam Gàidhlig	21	709	56		2015-16	30
				HIE	Alba	
Foghlam luchd-ionnsachaidh	sgoiltean	sgoilearan:	tidsearan:		aig:	àitean
bun-sgoiltean le cùrsa GLPS	84	3,220	106	<i>tidsearan a-stàigh</i>	2015-16	127
			2	<i>comhairlean le tidsear-tadhail</i>		6
bun-sgoiltean le cùrsa Gàidhlig eile	15	829	NA		2015-16	21
àrd-sgoiltean le cùrsa Gàidhlig	23	2,437	45		2015-16	27

GLPS = Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am bun-sgoil.

Dàta air a thional is a thaisbeanadh le Bòrd na Gàidhlig

Foghlam Luchd-ionnsachaidh 2015–2017 Gaelic Learner Education

-  Bun-sgoil le FLi 2015-16 Primary with GLE 2015-16
-  Àrd-sgoil le FLi 2016-17 Secondary with GLE 2016-17
-  Sgìre comhairle le FLi Council area with GLE




Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.

Foghlam tron Ghàidhlig 2016-17 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig GME Primary School
- Bun-sgoil le sruth FtB GME primary with English ME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG Associated with secondary school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.



LEAS-PHÀIPEAR 3 SGILEAN GÀIDHLIG AIG LUCHD-OBACH HIE

Thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, tha sinn air àrdachadh fhaicinn air an tuigse an cudrom air dleastanasan HIE mu choinneamh Achd na Gàidhlig, ach tha sinn cuideachd air fhaicinn gu bheil mothachadh do Phlana Gàidhlig HIE air a dhol sìos.

Tha an-dràsta trì dreuchdan le Gàidhlig mar sgil riatanach - Ceannard Fàs Choimhearsnachdan, an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (Ceumnaiche), agus Fàiltiche An Lòchrain – agus 268 dreuchdan leis a' Ghàidhlig mar sgil miannaichte.

Grunn toraidhean bhon rannsachadh a rinneadh le HIE san Dùbhlachd 2015:

Tha 36% de luchd-obrach HIE ag ràdh gu bheil ùidh no ùidh mhòr ann a bhith a' leasachadh an cuid sgilean sa Ghàidhlig.

Tha 42% le co-dhiù beagan fhacal is abairtean simplidh Gàidhlig.

Tha 8% de luchd-obrach HIE a' meas nan sgilean-tuigse aca sa Ghàidhlig aig ìre eadar-mheadhanach, adhartach no fileanta.

Tha 8% de luchd-obrach HIE a' meas nan sgilean-labhairt aca sa Ghàidhlig aig ìre eadar-mheadhanach, adhartach no fileanta.

Tha 7% de luchd-obrach HIE a' meas nan sgilean-leughaidh aca sa Ghàidhlig aig ìre eadar-mheadhanach, adhartach no fileanta.

Tha 6% de luchd-obrach HIE a' meas nan sgilean-sgrìobhaidh aca sa Ghàidhlig aig ìre eadar-mheadhanach, adhartach no fileanta.

Tha 7% de luchd-obrach a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh na Gàidhlig, air neo tha iad air a bhith an sàs thar an dà bhliadhna a chaidh seachad. Tha cuideachd 49% air a bhith an sàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig ach còrr is dà bhliadhna air ais.

Thar na bliadhna a chaidh seachad, tha 43 luchd-obrach (21%) air a bhith ann an suidheachadh san obair aca far an robh Gàidhlig air a cleachdadh; gidheadh nach robh Gàidhlig - no mòran sgilean sa chànan – acasan.

Tha 16 luchd-obrach HIE air dèiligeadh ri daoine bhon taobh a-muigh is ri buidhnean eile anns a' Ghàidhlig; le ceathrar luchd-obrach air eadar-theangachadh Gàidhlig a dhèanamh thar na bliadhna a chaidh seachad agus le naoinear a bharrachd air eadar-theangachadh gu Gàidhlig a chur air dòigh.

CUIMHNE

THA AM BAILE MOR A' BRUIDHINN RIS FHEIN
A-RITHIST, NA FACLAN BOILLSGEIL GAN REIC FHEIN
THA MISE CUIDEACHD AIR A BHITH A' BRUIDHINN RIUM FHIN
'S MI A' DEANAMH BARDACHD NACH GABH REIC

ISD, A CHALMAN-CHOILLE
GACH MADAINN
CHI MI DO SGIATHAN
MAP' SAOGHAIL UIR
IS CLUINNDH MI D' ORAN

THA AM MUIR GRIANACH A' DEANAMH GAIRE RIS FHEIN
AN CUAN GORM-DHEALRACH A' CUR NAN CAR DHETH
THA MI FHIN AIR A BHITH A DEANAMH GAIRE RIUM FHIN
'S CUIMHNE LEAM AN AMAIDEAS UD A BH' UNNAM

O, 'S FHEARR MEOMHAIR LUCHD AN TAGRAIGH
NA CUIMHNE LUCHD NAM FIACH

THAN A H-EOIN A'SEINN GU BINN GI H-ARD
THA NASGADH NADARRA EADAR FIADH-BHEATHA IS TIM
NI MI MO DHICHEALL ORAN LUACHMHOR A SHEINN
AIR SGATH IS A DH'AINDEOIN A H-UILE CAIL A BH' ANN

O, 'S FHEARR MEOMHAIR LUCHD AN TAGRAIGH
NA CUIMHNE LUCHD NAM FIACH

